



A bheil thu airson teagasg sa Ghàidhlig?

Tha sinn an-seo gus do chuideachadh

gtc
SCOTLAND



Clàr-innse

Fàilte	3
Carson a bu chòir dhomh teagasg sa Ghàidhlig?	4
Ciamar a gheibh mi teisteanas airson teagasg sa Ghàidhlig?	6
Tha mi nam thidsear clàraichte leis an GTCS – ciamar a ghluaiseas mi a-steach gu teagasg sa Ghàidhlig?	9
Tha mi nam thidsear le teisteanas taobh a-muigh na h-Alba – ciamar a thèid mi nam thidsear sa Ghàidhlig?	11
Ceanglaichean Feumail	11
Frèam-iomraidi Coitcheann Eòrpach airson chànanan	12





Fàilte

Tha thu ag iarraidh teagasg sa Ghàidhlig. 'S math sin.

Mas e neach-labhairt fileanta, neach-ionnsachaidh eòlach no cuideigin gun ach beagan Gàidhlig no gun Ghàidhlig sam bith an-dràsta a th' annad, tha an leabhran seo air a dhealbhadh gus do chuideachadh air do shlige a dh'ionnsaigh teagasg sa Ghàidhlig ann an Alba.

Is sinne Comhairle Choitcheann Teagaisg na h-Alba (GTCS), a' bhuidheann-riaghlaidh neo-eisimileach airson proifeiseantaich teagaisg ann an Alba. Tha clàradh thidsearan a bhios ag obair ann agus taobh a-muigh sgoiltean aig cridhe ar cuid-obrach. Tha sinn cuideachd an-seo airson taic a thoirt do thidsearan tro shònachadh greisean-gniomhachais oileanach, ionnsachadh proifeiseanta agus teagasg de shàr-chàileachd a bhrosnachadh anns an dreuchd tron Chòd Phroifeiseanta againn agus tro na Slatan-tomhais Proifeiseanta againn.

Tha sinn dealasach do bhith a' leudachadh iomadachd anns an dreuchd gus am bi e a' riochdachadh comann sòisealta na h-Alba nas fheàrr.

Ann an compaireachas

Cha bhiodh an leabhran seo ann às aonais taic agus stiùireadh o Bhòrd na Gàidhlig.

'S e buidheann phoblach neo-roinneil a th' ann am Bòrd na Gàidhlig a tha cunntachail tro Mhinistearan do Phàrlamaid na h-Alba le uallach airson inbhe na Gàidhlig a dhèanamh tèarainte mar chànan oifigeil ann an Alba.

Tha foghlam agus ionnsachadh na Gàidhlig aig cridhe obair is amasan Bhòrd na Gàidhlig. Bho chròileagain gu for-cheum sa Ghàidhlig, tha an raon farsaing seo a' toirt bun-stèidh do gach oidhrip a tha ga deànamh gus an cànan a ghleidheadh agus ath-bheothachadh. Mar thoradh air sin, tha foghlam, ionnsachadh agus leasachadh sgilean cànan mar phriomhachas sa Phlana Cànan Nàiseanta Gàidhlig 2018-23. Bidh sinn ag obair còmhla ri daoine agus buidhnean eile gus piseach agus fàs a thoirt air foghlam is ionnsachadh na Gàidhlig – an dà chuid do dh'òigrìdh agus do 'inbhich, do dh'fhlíanteach agus do luchd-ionnsachaidh.

Carson a bu chòir dhomh teagasg sa Ghàidhlig?

A' toirt beatha ùr do chànan as sine na h-Alba

'S i a' Ghàidhlig tè de mhaoinean sònraichte cultural agus cànanach na h-Alba. 'S e cànan beò a th' intte ga bruidhinn le cha mhòr 60,000 daoine, le inbhe oifigeil fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Tha an cànan air eachdraidh fhada de dhearmad agus de dh'aintighearnas fhlang, ach sa Chiad Linn air Fhicheadha tha ath-bheothachadh air tighinn air sgàth fàs ann an dà rud, Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (FTMG) agus Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig (FLG).

A bharrachd air an nàdar bhuannachdail a tha aig teagasg mar dhreuchd, tha teagasg sa Ghàidhlig a' ciallachadh gun cuirear ri ath-bheòthachadh cànan agus coimhlearsnachd; a' cuideachadh le feasachadh mothachadh dhaoine òga air an dileab a tha aca mar Albannaich le Gàidhlig; cuideachd bidh e a' toirt feabhas air an dà-chànanachas agus an feasachadh cognatach aca.

Dè na cothroman fastaidh a th' agam?

Tha am fàs ann an iarrtasan airson Foghlam Gàidhlig air fàs adhbhurachadh sna cothroman fastaidh do thidsearan Gàidhlig aig ire na bun-sgoile agus ire na h-àrd-sgoile air feadh na h-Alba, gu h-àraidih anns na h-ùghdarrasan ionadail seo Aonghas, Baile Obar Dheathain, Dùn Èideann, Earra-Ghàidheal is Bòid, Na h-Eileanan Siar, A' Ghàidhealtachd, Glaschu, Inbhir Chluaidh, Peairt agus Ceann Rois, Siorrachd Áir an Ear, Siorrachd Áir a Tuath, Siorrachd Dhùn Bhreatainn an Ear, Siorrachd Lannraig a Deas, Siorrachd Lannraig a Tuath agus Srughelea.

Dè na roinnean obrach san urrainn dhomh teagasg?

Bidh tidsearan bun-sgoile ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ag obair le clann bho aois 3 gu 12 bliadhna a dh'aois, ann an sgolitean-àraich agus bun-sgoiltean. Bidh iad a' libhrigeadh gach páirt de Churraicealam airson Sàr-mhathais agus Ceartais na h-Alba. Tha seo a' toirt a-steach Ealain, Slàinte 's Sunnd, Cànainean

is Litearrachd, Matamataig is Àireamhachd, Foghlam Creidimh is Moralta, Saidheansan, Eòlas Soisealta, agus Teicneolasan.

Bidh tidsearan àrd-sgoile ann an Gàidhlig ag obair le daoine òga bho 12-18 bliadhna a dh'aois ann an àrd-sgoiltean. Dh'fhaodadh gum bi iad nan tidsear le teisteanas dùbalte airson Gàidhlig agus Gaelic (Learners) a theagasg mar chuspair, a' teagasg a' chuspair sònraichte aca tro mheadhan na Gàidhlig, air neo gu dearbh, a' teagasg an dà chuspair Gàidhlig agus cuspair sònraichte eile.

Taic do thidsearan Gàidhlig

Tha lionra taice farsaing ann airson tidsearan ann an Gàidhlig às déidh dhaibh teisteanas fhaighinn, nam measg: sgioba foghlaim Bhòrd na Gàidhlig a tha an-còmhnaidh ann airson cuideachadh le ceistean sam bith mu fhoghlam Gàidhlig; Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig a' toirt seachad goireasan sònraichte agus cothroman ionnsachadh Proifeiseanta Fad Dhreuchd (CLPL); Ùghdarris Theisteanasan na h-Alba aig a bheil stòras mòr de theisteanasan ann an Gàidhlig, Gaelic (Learners) agus cuspairean tro mheadhan na Gàidhlig, a bharrachd air taic air measadh agus dearbhadh càileachd air na teisteanasan sin; Foghlam Alba, aig a bheil oifigearan agus luchd-sgrùdaidh Gàidhlig sònraichte; agus tha lionra nas fharsainge de ghiomhan taobh a-muigh a' churraicealaibh gan tabhann le buidhnean leithid Fhèisean nan Gàidheal agus Comunn na Gàidhlig.

Bidh an GTCS a' foillseachadh iris gu sònraichte do phroifeiseantaich teagaisg ann an Alba còig tursan sa bhliadhna. Tha an iris làn den naidheachd as ùire, an cleachdadh as fheàrr bho air feadh na dùthcha, goireasan agus le alt sònraichte sa Gàidhlig anns gach iris.

Cáití bhcil cí

Ciamar a gheibh mi teisteanas airson teagasc sa Ghàidhlig?

Tha an àireamh de shlighean a-steach gu teagasc sa Ghàidhlig a' fàs. Tha an t-slighe a thaghlas tu a' crochadh air iomadh rud; nam measg, na h-aoisean agus an cuspair a tha thu airson a theagasc, na teisteanasan a tha agad mu thràth, do shuidheachadh pearsanta, agus an rud as cudromailche, na sgilean Gàidhlig a tha agad an-dràsta.

Airson a dhol nad thidsear, feumaidh tu teisteanas aithnichte ann an Tùs-Fhoghlam Thidsearan (ITE). Dh'fhaodadh seo a bhith na theisteanas fo-cheum leithid Ceum MA no BA (Urram) ann am Foghlam aig lìr SCQF 10 no teisteanas iar-cheumnach leithid Dioplòma Ceumannach Proifeiseanta ann am Foghlam no Dioplòma lar-cheumnach ann am Foghlam (PGDE) aig lìr SCQF 11, a bharrachd air ceum fo-cheumnach aig lìr SCQF 9 no 10.

Airson faighinn a-steach gu ITE, feumaidh tu na teisteanasan a leanas:

- Teisteanas Nàiseanta ann am Beurla aig lìr SCQF 6 (m.e. Àrd-ire) no teisteanas eile dearbhte;
- Teisteanas Nàiseanta ann am Matamataig aig lìr SCQF 5 (m.e. lìr Nàiseanta 5) no teisteanas eile dearbhte;
- Airson teagasc tro mheadhan na Gàidhlig, thathar a' moladh gum bi Teisteanas Nàiseanta ann an Gàidhlig no Gaelic (Learners) aig lìr SCQF 6 (m.e. Àrd-ire) no teisteanas eile dearbhte*;
- Tha an comas a bhith a' labhairt, a' leughadh agus a' sgriobhadh aig àrd-ire de dh'fheileantachd aig cridhe a bhith a' teagasc sa Ghàidhlig. Airson a' mhòr-chuid de phrògraman, tha comas an co-ionnan ri C1 no C2 air Fréam-lomraidh coitcheann Eòrpach airson chànanan (CEFR) ga mholadh. Airson fèin-mheasadh a dhèanamh air do sgilean cànan, 's urrainn dhut am fréam CEFR ann bho dhuilleag 12 no Comasan Labhairt ann an Gàidhlig (CLAG) a chleachdadh aig learn Gaelic.net/clag/index.jsp

Tha na prògraman Fo-cheumnach a tha ri fhaotainn a' tabhann raon de dhiofar shlighean. Tha prògraman ann airson fior luchd-tòiseachaidh, far am bi an t-oileanach ag ionnsachadh

Gàidhlig aig an aon àm ris a' phrògram ITE. Thathar a' moladh ge-tà, a bhith a' dèanamh beagan sgrùdaidh air do cheann fhèin mus tòisich thu air prògram den leithid. Tha cuid de na cùrsachan airson luchd-ionnsachaidh bunaiteach no eadar-mheadhanach a' dèanamh bliadhna bogaidh mus tòisichear air na h-eileamaidean ITE, air neo aig àm freagarrach sa chûrsa. Cuideachd, tha prògraman ann dhaibhsan aig a bheil àrd-ire de dh'fheileantachd mu thràth.

Airson faighinn a-steach gu PGDE ann am Foghlam Àrd-sgoile airson Gàidhlig agus Gaelic (Learners) feumaidh tu 80 creideasan SCQF (40 dhiubh co-dhiù aig lìr SCQF 8) ann an Gàidhlig no Ceiltis (feumaidh tu Gàidhlig na Alba a dhèanamh mar phriomhachas).

Bidh gach program a' cur air dòigh agallamh agus a' cleachdadh innleachdan measaidh eile airson na comasan Gàidhlig agad a dhearbhadh gus tighinn gu co-dhùnadhbh air an t-slighe as freagarraiche dhut.

*Gheibhearr barrachd fiosrachaidd mu na feumlachdan inntrigidh as lugha ann am Memorandum on Entry Requirements to Programmes of Initial Teacher Education in Scotland:

bit.ly/ITEMemo

** Tha Oïlthigh Shrath Chluaidh a' tabhann slighe shònraichte gu teisteanas airson oileanaich ITE a tha airson a bhith comasach an cuspair sònraichte aca a theagasc an dà chuid sa Ghàidhlig agus sa Bheurla.

Tha programan PGDE Oïlthigh na Gàidhealtachd 's nan Eilean (OGE) ri fhaotainn aig measgachadh de dh'aiteachan ann an lionra OGE, agus cuideachd a' tabhann slighe shònraichte do theisteanas àrd-sgoile airson cuspairean sònraichte ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig.

Tadhall air an làrach-lin aca airson barrachd fiosrachaiddh.

Slighean a-steach gu teagast sa Ghàidhlig:

Institiud	Raon Aois	Íre Fho-cheumnach	Íre lar-cheumnach	Fad sgrùdaidh gu lèir
Oilthigh Dhùn Èideann www.ed.ac.uk	Bun-sgoil	MA (Hons) Primary Education with Gaelic (Learners) UCAS Code 3R67		5 bliadhna
	Bun-sgoil	MA (Hons) Primary Education with Gaelic (Fluent Speakers) UCAS Code 3T59		4 bliadhna
Oilthigh Shrath Chluaidh** www.strath.ac.uk	Bun-sgoil	BA (Hons) Primary Education UCAS Code X120		4 bliadhna
	Bun-sgoil		PGDE Primary Education Gaelic Medium UCAS Code 3X75	1 bliadhna
	Àrd-sgoil		PGDE Secondary Education: Gaelic UCAS code 7X87	1 bliadhna
Oilthigh na Gàidhealtachd is nan Eilean (OGE) www.uhi.ac.uk	Bun-sgoil		PGDE Primary: Gaelic Medium UCAS Code X103	1 bliadhna
	Àrd-sgoil		PGDE Secondary: Gaelic UCAS Code X130 (Cuspairean FTMG)	1 bliadhna
Sabhal Mòr Ostaig UHI Colaiste a' Chaisteil UHI	Bun-sgoil & Àrd-sgoil	BA (Hons) Gaelic and Education UCAS Code XQ10 (Cùrsa bogaidh)		4 bliadhna

A' déanamh ITE aig oilthigh eile?

Ma chuireas tu crìoch gu soirbheachail air do bhliadhna ITE aig institiud ITE eile ann an Alba, cha chuir seo stad ort a' dol nad thidsear bun-sgoil no nad thidsear àrd-sgoil a' teagasg do do chuspair tro mheadhan na Gàidhlig. Ge-tà, chan fhaigh thu eòlas ITE ann an àrainneachd tro mheadhan na Gàidhlig agus chan fhaigh thu teagasg sam bith sa Ghàidhlig. Feumaidh luchd-fastaidh a bhith riaraichte le do chomasan is sgilean càinain airson teagasg tro mheadhan na Gàidhlig.

Maoineachadh Cûrsa

Thèid cisean oideachaidh a chur ort a-rèir do nàiseantachd agus an dùthach sa bheil thu a' fuireach. Bidh cisean oideachaidh airson oiléanaich ròghnach ann an Alba gam pàigheadh le Buidheann-tabhartais Oileanach na h-Alba (SAAS). 'S urrainn dhut coimhead air dè seòrsa maoineachaidh a gheibhte leat le bhith a' tadhail air làrach-lin SAAS – saas.gov.uk

Sgeama Thabhartasan Foghlaim Gàidhlig

Tha Sgeama Thabhartasan Foghlaim Gàidhlig aig Bòrd na Gàidhlig ri fhaotainn gus oiléanaich ITE a chuideachadh le cuid de na cosgaisean an-sàs anns na cùrsaichean aca. Tha an sgeama ga fhosgladh uair sa bhliadhna agus gheibhear barrachd fiosrachaidh air gaidhlig.scot

Bursaraidh ITE STEM

Tha bursaraidh STEM a' tabhann bursaraidhean luach £20,000 do dhaoine a tha a' beachdachadh air na dreuchdan aca atharrachadh gus cursa bliadhna Teisteanas For-cheum ann an Foghlam (PGDE) a dhèanamh, a bheireas comas dhaibh teisteanas teagaisg fhaighinn ann an cuspairean STEM – (Ceimigeachd, Coimpiutaireachd, Eaconamas Dachaigh,

Matamataig, Fiosaigs no Teicneolas). 'S iad seo na cuspairean àrd-sgoile leis an iarrtas as mothà airson tidsearan. Tha am bursaraidh STEM cuideachd ri fhaighinn do dhaoine a tha airson nan cuspairean seo a theagasg tro mheadhan na Gàidhlig. Tha barrachd fiosrachaidh ri fhaighinn air an làrach-lin aig Leasachadh Sgilean na h-Alba: stembursaryscotland.co.uk

Sgeama Probhaidh GTC Alba tro Mheadhan na Gàidhlig

Bidh Bòrd na Gàidhlig ag obair còmhla ri GTC Alba gus dearbhadh gum bi a h-uile tidsear-probhaidh a tha gan sònrrachadh mar thidsear-probhaidh Gàidhlig air an cur ann an àrainneachd-obrach far am faigh iad Làn-chlàradh tro mheadhan na Gàidhlig no tro theagasg luchd-ionnsachaidh Gàidhlig.

Ciamar a nì mi iarrtas?

Bu chòir dhut iarrtas a dhèanamh tro UCAS airson program ITE, ron cheann-là san Fhaoilleach. Seall air làrach-lin UCAS airson a' chinn-là seo. Ge-tà, gabhaidh mòran de na prògraman ITE Gàidhlig ri iarrtasan suas gu tòiseach a' phrògraim mar sin 's fhiach e fios a chur dhan oilthigh, agus ceannard a' chùrsa Ghàidhlig gu sònraichte, gus faicinn a bheilear a' gabhail ri iarrtasan fhathast.

Leugh an leabhran leis an GTCS So you want to teach in Scotland? gus fiosrachadh a bharrachd fhaighinn mu dheidhinn a bhith a' dol nad thidsear ann an Alba agus a' clàradh leis an GTCS: bit.ly/BecomingATeach

Tha mi nam thidsear clàraichte leis an GTC Alba – ciamar a ghuaiseas mi a-steach gu teagascg sa Ghàidhlig?

Faodaidh tu seo a dhèanamh tro na cursaichean a leanas:

Gaelic Immersion for Teachers

Tha am prògram bliadhna bogaidh seo ag amas air tidsearan le teisteanas aig a bheil Gàidhlig eadar-mheadhanach a bhios airson gluasad gu Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig.

Bu chòir do thidsearan le ùidh ann a bhith a' leasachadh nan sgilean càinain aca's ag amharc air gluasad a-steach gu FTMG fios a chur sa chìad dol a-mach gu Bòrd na Gàidhlig aig ofis@gaidhlig.scot

Gaelic Medium Education, PgCert no 'Prògram Streap'

Air a libhrigeadh le Oilthigh Obar Dheathain an compairteachas le Sabhal Mòr Ostaig, tha am prògram bliadhna seo a' measgachadh ionnsachadh air-loidhne agus air an àrainn agus tha e ga theagasc air fad tro mheadhan na Gàidhlig. Aithnichear e cuideachd mar 'Prògram Streap', agus tha e maoinichte gu lèir le Riaghaltas na h-Alba, a' toirt a-staigh cosgaiscean siubhail agus àite-fuirich a bharrachd air luchd-sòlair aig sgoil an oilleanaich.

Gheibhear barrachd fiosrachaидh air làrach-lin Oilthigh Obar Dheathain aig: bit.ly/AbdGaelicEd

Gàidhlig do Luchd-ionnsachaidh sa Bhun-sgoil

Ma's e tidsear bun-sgoil a th' annad agus chan eil fileantachd sa Ghàidhlig an amharc dhut mar amas pearsanta no proifeiseanta an-dràsta, 's urrainn dhut a chur ri foghlam Gàidhlig fhathast tro bhith a' libhrigeadh Gàidhlig mar L2 no L3 mar phàirt den phoileasaidh 1+2 Càinainean. Bidh caochladh de dhiofar irean libhrigidh aig üghdarrasan ionadail agus sgoiltean ach tha grunn phrograman CLPL ann gus taic a thoirt do thidsearan ann a bhith a' leasachadh an cuid sgilean càinain agus gan cuideachadh le bhith a' libhrigeadh Gàidhlig mar L2 no L3. Tha sgoiltean taobh a-muigh na h-üghdarrasan ionadail a bhios a' tabhann FTMG no FLG an-dràsta a bhios a' tabhann Gàidhlig mar L3 aig ire bun-sgoile. bit.ly/Language12





Cho luath 's a ghabh Alison a biadh
chaidh i a-null gu taigh Alison a biadh

“An tig thu a-mach a chluich?”,
dh’fhaighnich i.

“Thig,” thuirt Seumas. “Faodaidh sinn a
dhol a choimhead.” air a’ chrodh
Ghaidhealach. “Tha an t-eagal orm romhpa,” ars Alison.

“Cha tol leam na h-adhaircean fada aca,
thaig mi còmhla riut.”

Nuar a bha Seumas ag
suas an rathad chun
“Giamar a Bhag
thuirt Seumas
“Feumai
mise a
“Dhi



Fhuair mi teisteanas mar thidsear taobh a-muigh na h-Alba – ciamar a thèid mi nam thidsear sa Ghàidhlig?

Bidh sinn a' cur fàilte air luchd-teagaisg bho air feadh an t-saoghail agus ag aithneachadh gu bheil tidsearan dealasach, comasach le sgilean Gàidhlig taobh a-muigh na h-Alba.

Mar a tha le tidsearan a fhuair teisteanas ann an Alba, bidh feum agad clàradh leis an GTCS mus gabh thu ri post teagaisg ann an sgoil Albannach.

Feumaidh tu coinneachadh ris na h-aon fheumlachdan airson clàradh a tha aig tidsearan a fhuair teisteanas ann an Alba. Bhiodh ceum freagarrach (no teisteanas co-ionnan), teisteanas ITE aithnichte agus (airson Làn-chlàradh) eòlas-teagaisg freagarrach.

Tha sgioba sònraichte aig GTCS airson iarrtasan o thidsearan a fhuair teisteanas taobh a-muigh na h-Alba a mheasadh agus gheibhear barrachd fiosrachaidh tron duilleig Qualified Outside Scotland air làrach-lin GTCS: gtcs.org.uk/registration/qualified-outside-scotland.aspx

Ceanglaichean Feumail

Comhairle Choitcheann Teagaisg na h-Alba gtcs.org.uk

Bòrd na Gàidhlig gaidhlig.scot

Foghlam Alba education.gov.scot

Comann nam Pàrant parant.org.uk

In2Teaching in2teaching.org.uk

SAAS saas.gov.uk

Comhairle Maoineachaidh na h-Alba sfc.ac.uk

Leasachadh Sgilean na h-Alba skillsdevelopmentscotland.co.uk

Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig storlann.co.uk

Teach in Scotland teachinscotland.scot

UCAS ucas.com

Common European Framework of Reference for Languages



	A1	A2
Listening	I can recognise familiar words and very basic phrases concerning myself, my family and immediate concrete surroundings when people speak slowly and clearly.	I can understand phrases and the highest frequency vocabulary related to areas of most immediate personal relevance (e.g. very basic personal and family information, shopping, local area, employment). I can catch the main point in short, clear, simple messages and announcements.
Reading	I can understand familiar names, words and very simple sentences, for example on notices and posters or in catalogues.	I can read very short, simple texts. I can find specific, predictable information in simple everyday material such as advertisements, prospectuses, menus and timetables and I can understand short simple personal letters.
Spoken Interaction	I can interact in a simple way provided the other person is prepared to repeat or rephrase things at a slower rate of speech and help me formulate what I'm trying to say. I can ask and answer simple questions in areas of immediate need or on very familiar topics.	I can communicate in simple and routine tasks requiring a simple and direct exchange of information on familiar topics and activities. I can handle very short social exchanges, even though I can't usually understand enough to keep the conversation going myself.
Spoken Production	I can use simple phrases and sentences to describe where I live and people I know.	I can use a series of phrases and sentences to describe in simple terms my family and other people, living conditions, my educational background and my present or most recent job.
Writing	I can write a short, simple postcard, for example sending holiday greetings. I can fill in forms with personal details, for example entering my name, nationality and address on a hotel registration form.	I can write short, simple notes and messages relating to matters in areas of immediate needs. I can write a very simple personal letter, for example thanking someone for something.

es/ Frèam-iomraidh Coitcheann Eòrpach airson chànanan

B1	B2	C1	C2
I can understand the main points of clear standard speech on familiar matters regularly encountered in work, school, leisure, etc. I can understand the main point of many radio or TV programmes on current affairs or topics of personal or professional interest when the delivery is relatively slow and clear.	I can understand extended speech and lectures and follow even complex lines of argument provided the topic is reasonably familiar. I can understand most TV news and current affairs programmes. I can understand the majority of films in standard dialect.	I can understand extended speech even when it is not clearly structured and when relationships are only implied and not signalled explicitly. I can understand television programmes and films without too much effort.	I have no difficulty in understanding any kind of spoken language, whether live or broadcast, even when delivered at fast native speed, provided I have some time to get familiar with the accent.
I can understand texts that consist mainly of high frequency everyday or job-related language. I can understand the description of events, feelings and wishes in personal letters.	I can read articles and reports concerned with contemporary problems in which the writers adopt particular attitudes or viewpoints. I can understand contemporary literary prose.	I can understand long and complex factual and literary texts, appreciating distinctions of style. I can understand specialised articles and longer technical instructions, even when they do not relate to my field.	I can read with ease virtually all forms of the written language, including abstract, structurally or linguistically complex texts such as manuals, specialised articles and literary works.
I can deal with most situations likely to arise whilst travelling in an area where the language is spoken. I can enter unprepared into conversation on topics that are familiar, of personal interest or pertinent to everyday life (e.g. family, hobbies, work, travel and current events).	I can interact with a degree of fluency and spontaneity that makes regular interaction with native speakers quite possible. I can take an active part in discussion in familiar contexts, accounting for and sustaining my views.	I can express myself fluently and spontaneously without much obvious searching for expressions. I can use language flexibly and effectively for social and professional purposes. I can formulate ideas and opinions with precision and relate my contribution skilfully to those of other speakers.	I can take part effortlessly in any conversation or discussion and have a good familiarity with idiomatic expressions and colloquialisms. I can express myself fluently and convey finer shades of meaning precisely. If I do have a problem I can backtrack and restructure around the difficulty so smoothly that other people are hardly aware of it.
I can connect phrases in a simple way in order to describe experiences and events, my dreams, hopes and ambitions. I can briefly give reasons and explanations for opinions and plans. I can narrate a story or relate the plot of a book or film and describe my reactions.	I can present clear, detailed descriptions on a wide range of subjects related to my field of interest. I can explain a viewpoint on a topical issue giving the advantages and disadvantages of various options.	I can present clear, detailed descriptions of complex subjects integrating sub-themes, developing particular points and rounding off with an appropriate conclusion.	I can present a clear, smoothly-flowing description or argument in a style appropriate to the context and with an effective logical structure which helps the recipient to notice and remember significant points.
I can write simple connected text on topics which are familiar or of personal interest. I can write personal letters describing experiences and impressions.	I can write clear, detailed text on a wide range of subjects related to my interests. I can write an essay or report, passing on information or giving reasons in support of or against a particular point of view. I can write letters highlighting the personal significance of events and experiences.	I can express myself in clear, well-structured text, expressing points of view at some length. I can write about complex subjects in a letter, an essay or a report, underlining what I consider to be the salient issues. I can select style appropriate to the reader in mind.	I can write clear, smoothly-flowing text in an appropriate style. I can write complex letters, reports or articles which present a case with an effective logical structure which helps the recipient to notice and remember significant points. I can write summaries and reviews of professional or literary works.